

Cuspair Clàir-ghnothaich	9
Àir. Aithisge	G/11/21

## COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

Comataidh:	Comataidh na Gàidhlig
Ceann-latha:	18 Cèitean 2021
Tìotal Aithisge:	Lèirsinn agus Ro-innleachd Ghàidhlig airson na Gàidhealtachd
Aithisg le:	Àrd-Oifigear Gnìomhach, Coileanadh agus Riaghlachas

### 1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

1.1 'S e adhbhar na h-aithisge seo fios às ùr a thoirt seachad dhan Chomataidh mu na ceumannan a thathar a' gabhail airson Lèirsinn agus Ro-innleachd Ghàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd ath-sgrùdadh is a leasachadh, agus na nithean a tha a dhìth a thaobh planadh is libhrigeadh co-cheangailte ris a seo.

### 2. Molaidhean

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:

- i) beachdachadh air an dòigh-obrach airson a bhith a' leasachadh Lèirsinn agus Ro-innleachd Ghàidhlig na Comhairle; agus
- ii) beachdan a thoirt seachad air nithean sam bith a bu chòir a bhith air an gabhail a-steach dhan ath-sgrùdadh.

### 3. Buaidhean

3.1 Goireas: Thèid Lèirsinn, Ro-innleachd agus Plana na Gàidhlig a leasachadh le bhith a' cleachdadh ghoireasan a th' ann mar-thà, ann an co-bhann le Sgioba na Gàidhlig, Sgioba an Fhoghlaim agus luchd-ùidhe air an taobh a-muigh is air an taobh a-staigh. Chan eilear a' sùileachadh gum bi feum air goireasan a bharrachd, seach a bhith a' cleachdadh maoineachadh calpa Riaghaltas na h-Alba a th' ann mar-thà airson sgrùdadh so-dhèantachd a dhèanamh a thaobh a bhith a' leudachadh na Gàidhlig ann an Inbhir Nis, le aire shònraichte do dh'ion-obrachas campas 3–18.

3.2 Laghail: Bidh an dòigh-obrach a rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus cuidichidh seo gus na geallaidhean is na h-amasan a tha air am mìneachadh ann am Plana Gàidhlig na Comhairle a chur air adhart.

- 3.3 Coimhearsnachd (Co-ionannachd, Bochdainn, Dùthchail agus Eilean): 'S e pàirt dhen dòigh-obrach airson a bhith a' leasachadh Lèirsinn agus Ro-innleachd airson na Gàidhlig anns a' Ghàidhealtachd, ceangal a thogail aig ìre choimhearsnachd leis a' phoball, le luchd-ùidhe is le com-pàirtichean. Thathar an dùil gum bi deagh bhuidhe aig a seo, cuide ri dòigh-obrach nas gnìomhaiche a thaobh conaltradh Gàidhlig, air coimhearsnachdan dùthchail is eilein. Thèid aire a thoirt do bhith a' dùnadh a' bheàrn buileachaidh do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig aig a bheil feumalachdan taice a bharrachd.
- 3.4 Chan eil buaidhean dìreach sam bith ann a thaobh Atharrachadh Gnàth-shìde/Carbon Ciallach; no Cunnart.
- 3.5 Gàidhlig: Bidh buaidhean matha ann airson cànan, ionnsachadh, agus airson cultar na Gàidhlig anns a' Ghàidhealtachd.

#### **4. Ro-ràdh Lèirsinn agus Ro-innleachd na Gàidhlig**

- 4.1 Tha dòigh-obrach ro-innleachdail na Comhairle a thaobh na Gàidhlig ga mìneachadh anns an treas Plana Gàidhlig aig a' Chomhairle a tha air a cho-thaobhadh ri Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig agus ris na solaran a tha air an gabhail a-steach ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha sia raointean prìomhachais sa Phlana: A' Ghàidhlig san Dachaigh, ann an Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne; A' Ghàidhlig sa Choimhearsnachd; A' Ghàidhlig ann am Foghlam; A' Ghàidhlig sna h-Ealain, ann an Cultar is Dualchas; A' Ghàidhlig san Àite-obrach; agus Luach Sòisealta, Eaconamach is Cultarail na Gàidhlig.
- 4.2 Tha PnG3 a' ruith bho 2018–2023. Ma chuireas sinn seachad ùine an-dràsta ag ath-sgrùdadh lèirsinn is ro-innleachd na Gàidhlig, bidh a' Chomhairle ann an deagh shuidheachadh airson PnG4 ullachadh. Cuide ris a seo, feumaidh a' Chomhairle com-pàirteachas dlùth a chumail le Bòrd na Gàidhlig mar bhuidheann-lìbhrigidh an Riaghaltais airson na Gàidhlig agus feumar cuideachd aire a thoirt do gheallaidhean/riatanasan ùra sam bith a dh'fhaodadh tighinn am bàrr sa Phrògram airson Riaghaltas a thathar an dùil a chur air bhog às dèidh Taghaidhean Pàrlamaid na h-Alba sa Chèitean 2021.
- 4.3 Tha obair thùsail air tòiseachadh agus chaidh grunn bhùithtean-obrach a chumail gus beachd fhaighinn air raon-ùghdarras an ath-sgrùdaidh thar nan sia raointean prìomhachais. Bidh seo a' coimhead sa chiad àite air Foghlam Gàidhlig agus A' Ghàidhlig san Àite-obrach. Bidh cothroman aig Buill Chomataidh na Gàidhlig làn chom-pàirt a ghabhail sa phròiseas tro bhùithtean-obrach agus, mar phàirt dhen a seo, prìomhachasan aontachadh airson 1, 5 agus 10+ bliadhna air thoiseach.
- 4.4 Tha e mar-thà follaiseach gu bheil dealas aig an luchd-obrach do lèirsinn a tha mòr-mhiannach is seasmhach, a' togail air na cothroman lionmhor a th' ann a bhith ag obair le com-pàirtichean gu h-ionadail is gu nàiseanta gus foghlam, ionnsachadh is cultar na Gàidhlig a leudachadh sa Ghàidhealtachd. Bidh fòcas làidir san ath-sgrùdadh air foghlam agus chaidh seasmhachd aithneachadh mar nì riatanach, gu seachd àraid a bhith a' freagairt ris na cuideaman leantainneach a thaobh luchd-obrach agus planadh sgioba-obrach. Bidh e na prìomhachas againn buileachadh a thogail airson luchd-ionnsachaidh air fad, a bharrachd air a bhith a' leudachadh roghainn is susbaint curraicealaim, agus barrachd cothroman an cànan a chleachdadh airson 's gum bi fàs seasmhach air na h-àireamhan a tha ag ionnsachadh is a' bruidhinn na Gàidhlig aig gach ìre. A bharrachd air a bhith a' toirt fàs air Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne agus air foghlam bun-sgoile FtG agus solar cànan, bidh an t-ath-sgrùdadh a' coimhead air na

ghabhas dèanamh gus a' Ghàidhlig a leudachadh aig ìre àrd-sgoile, a' gabhail a-steach roghainnean airson campas 3–18 a leasachadh ann an Inbhir Nis. Tha com-pàirteachas le Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean, Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba a' leantainn air adhart agus bidh seo na phàirt de na còmhraidhean a bhios againn le luchd-ùidhe.

- 4.5 A bharrachd air fòcas air foghlam, tha cuspairean làidir a' tighinn am bàrr a thaobh feumalachd airson barrachd follaiseachd dhan Ghàidhlig thar Seirbheisean na Comhairle air fad, a' gabhail a-steach an làrach-lìn; agus a bhith a' comharrachadh is a' toirt taic dhan tabhartas a tha a' Ghàidhlig a' toirt seachad dhan Ghàidhealtachd a thaobh cultar, turasachd agus an eaconamaidh.
- 4.6 Ann a bhith a' dèanamh adhartas, bidh e riatanach goireasan seasmhach a chomharrachadh agus tha sin a' ciallachadh cothrom air maoinachadh calpa agus teachd-a-steach; curraicealam de chàileachd àrd agus susbaint is roghainn a bharrachd sa churraicealam; solar earbsach thidsearan, a bharrachd air a bhith a' meudachadh na buaidh a dh'fhaodas a bhith aig a' Chomhairle is aig com-pàirtichean air na h-àireamhan de dhaoine de gach aois a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig, a' bruidhinn na Gàidhlig agus a' cleachdadh na Gàidhlig san sgoil is sa choimhearsnachd, agus ann an suidheachaidhean cultarail san fharsaingeachd. Chan urrainnear seo a choileanadh ach tro dhòigh-obrach cheangailte is chom-pàirteach.

## 5. Dreachd na Dòigh-obrach Ro-innleachdail

- 5.1 Bidh sinn ag obair thar ghrunn raointean-ùghdarras Àrd-Oifigearan Gnìomhach gus sgrùdadh iomlan a dhèanamh air cothroman airson cànan is cultar na Gàidhlig fhàs taobh a-staigh na Comhairle agus thar na Gàidhealtachd, agus a' toirt cumhachd do choimhearsnachdan gus àiteachan a chomharrachadh far an urrainnear a' Ghàidhlig a chleachdadh, agus ag obair ann an com-pàirteachas gus a' Ghàidhlig a chumail suas sna coimhearsnachdan sin far a bheil i làidir fhathast agus far a bheilear ga cleachdadh gu làitheil. Bidh oifigearan a' togail ceangal le prìomh luchd-ùidhe, a' gabhail a-steach clann is dhaoine òga, tidsearan, buidhnean phàrant, Riaghaltas na h-Alba, buidhnean Gàidhlig agus na com-pàirtichean againn san roinn phoblaich gus gabhail ri dòigh-obrach a tha air a stiùireadh leis a' choimhearsnachd. Gus dèanamh cinnteach gun tèid na mòr-mhiannan seo a choileanadh, bidh e mar amas bunaiteach againn maoinachadh a bharrachd fhaighinn bhon taobh a-muigh agus, ann an co-bhann leis na com-pàirtichean againn, dèanamh cinnteach gu bheil buaidh cho mòr 's a ghabhas aig na goireasan a bhios againn.

### 5.2 Adhbhar

Thathar an dùil gun comharraich ath-sgrùdadh air Lèirsinn agus Ro-innleachd Ghàidhlig na Comhairle na prìomhachasan ro-innleachdail aig a' Chomhairle, gus dèanamh cinnteach gu bheilear ag amas ghoireasan is oidhirp air na raointean a libhrigeas na toraidhean as fheàrr airson cànan is cultar na Gàidhlig a dhìon is fhàs anns a' Ghàidhealtachd.

### 5.3 Mar a nì sinn seo:

Bidh na prìomh theachdaireachdan, amasan is prìomhachasan a tha san Lèirsinn is Ro-innleachd againn a' togail air na tha a' nochdadh sa Phlana Nàiseanta agus a' leantainn nan geallaidhean làithreach a th' ann am Plana na Gàidhlig 3, fhad 's a thathar ag obair gu ruige Plana Gàidhlig 2023–2028.

Bidh an dòigh-obrach:

- A' beachdachadh air feumalachdan àraid, cothroman is dùbhlain nan coimhearsnachdan Gàidhealach againn air fad ann an sgìrean dùthchail, leth-dhùthchail is bailteil
- A' comharrachadh luchd-ùidhe air an taobh a-staigh is air an taobh a-muigh agus a' cur air dòigh bhùithtean-obrach is tachartasan conaltraidh sònraichte
- A' gabhail os làimh eacarsaich mhapaiddh dhen t-solar is de na goireasan làithreach thar sgoiltean is Ionadan Tràth-ionnsachaidh is Cùraim-chloinne air fad, agus ag obrachadh le com-pàirtichean gus solar bhon taobh a-muigh a chur ris airson beàrnan, co-obrachadh is dùblachadh a chomharrachadh
- A' togail ceangal le com-pàirtichean san roinn phoblaich – Riaghaltas na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig, High Life na Gàidhealtachd, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, agus ùghdarrasan ionadail eile airson dèanamh cinnteach gu bheil ro-innleachdan is goireasan a' co-thaobhadh agus gu bheil cothroman co-obrachaidh air am meudachadh
- A' toirt seachad chothroman cunbhalach airson fios air ais agus bùithtean-obrach do Bhuill Chomataidh na Gàidhlig agus Chomataidh an Fhoghlaim
- A' leasachadh Aithris Lèirsinn Ro-innleachdail airson na Gàidhlig
- A' dèanamh plana conaltraidh is com-pàirteachais airson nam meadhanan

5.4 Tha na raointean air a bheilear a' beachdachadh airson **raon-ùghdarrais** an ath-sgrùdaidh a' gabhail a-steach nan nithean a leanas:

- Sgrùdadh ion-obrachais airson solar 3–18 ann an Inbhir Nis
- Raon-ama airson planadh fad-ùine, meadhan-ùine is geàrr-ùine airson leasachaidhean foghlaim Gàidhlig thar na Gàidhealtachd, gu h-àraid far a bheil iarrtas làidir is taic airson leudachadh, me Àrd-Sgoil Phort Rìgh
- Modailean mòr-mhiannach airson teisteanachadh curraicealaim a tha a' toirt subailteachd nas fheàrr seachad taobh a-staigh slighean àrd-sgoile – a leithid cothrom Nàiseanta 4 no Nàiseanta 5 fhaighinn taobh a-staigh Foghlam Coitcheann Farsaing airson taic a chur ri subailteachd roghainn chuspairean san ìre as àirde, agus cothrom a thoirt do sgoilearan an dealas aca a thaobh FtG a chomharrachadh is teisteanas nàiseanta a choileanadh sa Ghàidhlig mar fhianais air a seo
- Leudachadh air an Teisteanachadh Ghàidhlig a tha a' Chomhairle a' tabhann tron ìre as àirde le bhith a' ceangal sheòmraichean-teagaisg tro àrd-ùrlaran bhiortail a tha a' cleachdadh Acadamaidh Bhiortail na Gàidhealtachd
- Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh Nàiseanta 5 gu bhith ri faotainn tro Acadamaidh Bhiortail na Gàidhealtachd, agus thathar air tidsear Gàidhlig a chur an dreuchd san Acadamaidh gus curraicealam na Gàidhlig a libhrigeadh is a leasachadh
- Raointean cunnairt gan comharrachadh far am faodadh feum a bhith air maothachadh ann am planadh sgioba-obrach
- Beachdachadh air mar a thathar a' cleachdadh nan goireasan Leasachadh Gàidhlig a th' ann mar-thà, a' bhuidhe a th' aca, agus cothroman neartachaidh a chruthachadh, a' gabhail a-steach a bhith a' comharrachadh chuspairean a tha a' ceangal foghlam agus obair ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd
- Leasachadh dòigh-obrach chom-pàirteach le Riaghaltas na h-Alba agus com-pàirtichean san roinn phoblaich is san treas roinn gus a' Ghàidhlig a chumail suas sna coimhearsnachdan sin far a bheil i fhathast làidir is air a cleachdadh gu làitheil
- Obrachadh thar na Comhairle agus le com-pàirtichean gus a' Ghàidhlig sna h-Ealain, ann an Cultar is Dualchas a bhrosnachadh agus buannachdan eaconamach cànan is cultar na Gàidhlig a mheudachadh

- Ùrachadh air dòigh-obrach chorporra na Comhairle, a' gabhail a-steach: dèanamh cinnteach gu bheil na teachdaireachdan air an nochdadh ann am planaichean gnìomh Foghlaim is Ionnsachaidh agus ann am pròiseas dealbhadh Seirbheis na Buidhne-stiùiridh san fharsaingeachd; cothroman do luchd-obrach an sgilean cànan a leasachadh; ath-sgrùdadh air susbaint Gàidhlig an làraich-lìn, agus làthaireachd nas follaisiche a bhith sna meadhanan agus sna meadhanan sòisealta
- Comharrachadh ùrachaidhean poileasaidh a dh'fhaodadh a bhith a dhìth

#### 5.5 **Tomhaisidh** sinn soirbheachas tro na leanas:

- Cuir a-mach suirbhidh airson beachdan luchd-ùidhe a chruinneachadh agus bun-loidhne a chur air dòigh, stèidhichte air beachdan dhaoine a thaobh coileanadh; thèid seo a leantainn le suirbhidhean bliadhnail gus sùil a chumail air adhartas
- Leasaich Plana Ro-innleachdail le targaidean SMART agus tomhaisean coileanaidh
- Thoir fiosan às ùr chun na Comataidh air stèidh chunbhalach

### 6. **Ath Cheumannan**

- 6.1 Thèid suirbhidh luchd-ùidhe a chur a-mach gus beachdan a ghlacadh mu dhòigh-obrach làithreach na Comhairle agus bheir seo seachad bun-loidhne; comharraichidh e cuideachd cothroman airson atharrachadh is leasachadh; agus siridh e fiosrachadh mu na dòighean as fheàrr le daoine gus com-pàirt a ghabhail. Thèid seo a sgaoileadh fada is farsaing, agus thèid na freagairtean a chleachdadh gus fios a chur ri leasachadh an ath-sgrùdaidh, a' gabhail a-steach raon-ama airson leasachadh is aithris. Thèid ceann-latha a chomharrachadh airson seisean eile far an urrainn do Bhuill na Comataidh ath-sgrùdadh a dhèanamh air toraidhean an t-suirbhidh agus Lèirsinn a leasachadh airson Ro-innleachd agus Plana Gàidhlig.

Ainmeachadh: Àrd-Oifigear Gnìomhach, Coileanadh agus Riaghlachas

Ceann-latha:

Ùghdaran: Kate Lackie agus Lena Walker

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh: